



## Tiotal: Aonta

### Pàirt 1: Dè th' ann an aonta?

#### Ìre: An DÀRNA

#### Ceanglan CfE

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi mothachail air gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chrìochan pearsanta dhaoine agus 's urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a' cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt. HWB 2-45b</p> <p>Tha fios agam gu bheil gach seòrsa de dhroch-dhiol ceàrr, agus tha mi a' toirt air adhart sgilean airson mi fhìn a chumail sàbhailte agus cuideachadh fhaighinn ma dh'fheumas mi. HWB 2-49a</p>	<ul style="list-style-type: none"><li>Comasach air cunntas a thoirt air bun-bheachd aonta.</li></ul>

#### Amasan Ionnsachaidh

- Gun tuig clann bun-bheachd aonta.
- Gun tuig clann bun-bheachd fèin-riaghlaigh bodhaig.
- Gun tuig clann dè th' ann an àite pearsanta agus crìochan pearsanta.
- Gun tuig clann gu bheil gach seòrsa droch-dhiol ceàrr.
- Gun ionnsaich clann dòighean air cuideachadh iarraidh.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air na tha aonta a' ciallachadh dhòmhhsa.
- Tha fios agam gun urrainn dhòmhhsa agus do dh'fheadhainn eile faclan, gluasad-bodhaig agus coltas aodainn a chleachdadhe airson na tha a' còrdadh rium no nach eil a chur an cèill.
- 'S urrainn dhomh àite pearsanta a mhìneachadh.
- 'S urrainn dhomh mìneachadh gur ann leamsa a tha mo bhodhaig.
- 'S urrainn dhomh inbheach/inbhich ainmeachadh thuige an tèid mi ma tha iomagain orm.

#### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Props airson a' ghèam 'pas an rud'
- Òran Boss of My Body <https://youtu.be/zAALZxa6NCw> (2 mhion. 33)

*Ma tha sibh an dùil làrach-lin mar YouTube a chleachdadhe, curibh an bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

**NÒT:** Ann an **Aonta** tha a' chlann a' tòiseachadh air ionnsachadh mu bhun-bheachd aonta, agus tha seo air a mhìneachadh mar cead neach iarraidh no fhaighinn (no gun fhaighinn) airson rud a dhèanamh. Tro gheamannan agus suidheachaidhean, ionnsaichidh a' chlann mu bhith ag iarraidh aonta/cead agus gum faod iad diùltadh nuair a thèid rud iarraidh orra. Tha a' chiad sheisean a' toirt a-steach bun-bheachd aonta a thaobh am bodhaigean, agus thathar a' leudachadh air a' chuspair seo san dàrna gnìomh. Tha an t-

ionnsachadh mu aonta aig an ìre seo na bhun-stèidh airson ionnsachadh mu “aonta feiseil”, agus bidh na daoin’ òga a’ coimhead air an seo san àrd-sgoil – tha an obair thràth air aonta mu bhith brosnachadh fèin-mhisneachd, spèis do dhaoine eile agus dòn bho chron. Faodaidh clann cuideachd cnuasachd a dhèanamh air a bhith a’ faireachdainn gu bheil/nach eil iad airson rud mar phàirt den obair ann an **Ga mo dhìon.**

## Obair

1. Bhon a bhios a' chlann a' cluich gheamannan san t-seisean seo tòisichibh ann an clearcall, às dèidh àirneis 's msaa a għluasad airson barrachd àite a thoirt dhuibh. Seall an slaighd air a bheil am facal: **Aonta.** 'S dòcha gur e facal ùr a tha seo dhan chloinn. Mìnich dhaibh gum bi iad a' faighinn tuilleadh a-mach mun fhacal an-diugh. Cleachd na h-ath shlaighdean leis a' mhìnneachadh.

**Tha Aonta a' ciallachadh cead iarraidh air cuideigin airson rudeigin a dhèanamh.**

**Ma tha neach a' gabhail ri rud, tha iad ag aontachadh. Mura h-eil neach a' gabhail ri rud, chan eil iad ag aontachadh. Mura h-eil neach cinnteach, no mura h-eil iad a' gabhail ri rud chan eil iad ag aontachadh.**

2. Can gu bheil sibh a' dol a chluich gèam no dhà airson an cuideachadh le bhith a' tuigsinn dè th' ann an aonta.

**Cuir thugam e.** A' suidhe ann an clearcall seall dà dhiofar rud dhan chloinn (ball, siuga... rud sam bith, mar as neònache 's ann as fheàrr). Inns dhan chloinn gu bheil iad a' dol a chur nan rudan timcheall a' chearcail, ach feumaidh iad faighneachd dhan ath neach a bheil iad ag iarraidh an rud. Mar sin ma tha am ball aca, tha aca ri tionndadh chun an nàbaidh agus faighneachd: *A bheil thu ag iarraidh a' bhuill?* Faodaidh an nàbaidh freagairt le *Tha, tha mi ag irraidih a' bhuill, tapadh leat.* Ma chanas iad seo, tha iad a' gabhail a' bhuill agus a' tionndadh chun an ath nàbaidh agus a' dèanamh an aon rud. Ach faodaidh iad cuideachd freagairt le *Chan eil, chan eil mi ag iarraidh a' bhuill.* An uair sin tha aig an neach ri tionndadh an rathad eile agus a' cheist a chur air an neach sin. (Can gum bi thu a' cumail sùil air cùisean, agus ma dhiùltas an dara neach gun toir thu leat am ball gu pàirt eile dhen chearcall.) Cuir an dà rud timcheall sa chearcall aig an aon àm. Cùm a' dol leis na ceistean agus dèan measadh air tuigse. Cùm a' dol airson cho fada 's a tha spòrs sa chùis – 's dòcha gum bi breislich ann nuair a thachras an dà rud. Tòisich agus stad mar a tha feumail.

**A bheil thu ag iarraidh cupa tì?** Airson a' ghèam seo bidh aig a' chloinn ri gluasad timcheall. Bidh poit tì (mas fhìor) aig dàrna leth dhen bhuidheann agus cupa tì nan làmhan. Tha aca ri dhol timcheall an rùm a' taigtsinn cupa tì do gach neach air an tachair iad. "An gabh thu cupa tì?" Ma chanas an neach gun gabh, thoir dhaibh an cupa, faighnich a bheil iad ag iarraidh bainne no siùcar agus dòirt an tì dhan chupa aca. Ma chanas an neach "Cha ghabh mi cupa tì, tapadh leat" tha aca ri gaire a dhèanamh agus gluasad air adhart. Brosnaich a' chlann gus a bhith beothail agus spòrsail nuair a tha iad a' taigtsinn na tì, ga dèanamh no nuair a tha iad ga gabhail no ga diùltadh, mar sin ga gabhail no ga diùltadh ann an dòigh dealasach. Dèanaibh practas mus tòisich iad agus seall freagairt no dhà ann an dòigh gu math beothail mar an neach a tha a' dèanamh no ag òl na tì.

An uair sin feuch dòigh anns nach eil bruidhinn, dìreach a' sealtainn an fhreagairt le gluasad bodhaig a-mhàin. A-rithist seall eisimpleir no dhà airson brosnachadh agus toiseach tòiseachaidh.

3. Cruinnich a' chlann còmhla a-rithist. Theirig thairis air a' phuing mun robh na geamannan mu bhith a' faighneachd do neach a bheil iad airson rud a dhèanamh – an uair sin gum food iad aontachadh no diùltadh. Dèan soilleir gu bheil e cudromach èisteachd ris na chanas neach. Faighnich dhan chloinn: **A bharrachd air na chanas neach le faclan, ciamar eile a dh'aithnicheas tu gu bheil iad airson rud na nach eil? Dè bhios cuideigin ag ràdh len aodann no lem bodhaig mura h-eil iad airson rud (fiù 's ged nach canadh iad e?)**

Mìnich gur e iarraidh cead agus aontachadh no diùltadh a tha seo.

4. Iarr an eisimpleirean fhèin air a' chloinn: **Cuin a bhios tua ag iarraidh cead bho chuideigin airson rudeigin a dhèanamh?** Mar eisimpleir, 's dòcha gun iarr thu cead airson a dhol dhan taigh-bheag san sgoil. No faighnich, cuin a bhios tu ag iarraidh cead air do phàrantan/luchd-cùraim airson rudeigin fhaighinn no a dhèanamh. (Eisimpleirean: Ma tha thu airson am faod caraid tighinn a dh'fhuireach aig an taigh agaibh airson oidhche. No am faod thu fuireach air do chois anmoch airson coimhead air an TBh). Sna h-eisimpleirean cleachd beachdan far nach eil cead/aonta soilleir no far am bi e ag atharrachadh.
  5. Inns gu bheil eisimpleirean agad (air na slaghdean) de shuidheachaidhean far am faodadh neach a bhith ag iarraidh cead bho neach eile – tha aig a' chloinn ri co-dhùnadh an tug an neach seachad cead no nach tug. (Airson eisimpleir 3, 's e a' phrìomh phuing gum mìnich thu nach e aonta a th' ann idir far nach eil neach ag aontachadh gu soilleir no far nach eil iad cinnteach). Dh'fhaodadh a' chlann bruidhinn ri caraid rin taobh mus toir iad fios air ais agus mus dèan sibh còmhradh/deasbad sa bhuidheann.
    - A. Dhìochuimhnich Màiri na peansailean aice a thoirt leatha dhan sgoil. Tha i a' faighneachd dha caraid Martha am faigh i iasad dhen pheansail ghorm aice. Tha Martha ag ràdh "Gheibh, nach eil fhios gum faigh". **Am faigh i iasad dhen pheansail? An do dh'aontaich Màiri?**
    - B. Tha Aadya san t-seòmar-bìdh a' gabhail+ biadh. Dhìochuimhnich i spàin a thogail, tha i a' faicinn gu bheil tè aig Dimitri. Tha Aadya a' faighneachd "Am faod mi an spàin ud fhaighinn?" Tha Dimitri ag ràdh "Chan fhaod, tha feum agam oirre". **Am faod Aadya an spàin fhaighinn? An tug Dimitri seachad aonta?**
    - C. Tha pacайд chriospan aig Mìcheal. Tha a charaid Leah ag ràdh "Am faod mi tè fhaighinn?" Chan eil Mìcheal a' coimhead toilichte, tha e ag ràdh "Uill..." **Am faod Leah criosp fhaighinn? A bheil Mìcheal air aonta a thoirt seachad?**
  6. Dèanaibh còmhradh aus soilleirich puingean sam bith ma tha sin a dhìth – a' dèanamh cinnteach gu bheil gach neach a' leantainn chùisean – faodaidh a' chlann taic a thoirt dha chèile far eil sin freagarrach. Inns gu bheil eisimpleirean eile ann, *ach an turas seo gu bheil rudeigin air atharrachadh*. Seall an dà shlaighd air a bheil na h-eisimpleirean, às dèidh beachdachadh orra mìnich gun roibh cead aig Sophie a' chiad turas ach nach robh air an dara turas. Mar sin ged a tha cuideigin ag aontachadh aon turas, feumaidh tu fhathast cead iarraidh a-rithist. **Discuss and clarify as necessary – taking time to make sure everyone is following – children can explain to each other where necessary. Explain that here are other examples, but this time something changes. Share the examples on the next 2 slides, after reactions to the second slide the point to make is that Sophie had consent the first time, but not the second, that just because somebody says yes one time, you still need to ask another time.**
  - D. Tha Max, bràthair mòr Sophie, a' tighinn dhachaigh le piotsa. Tha e ag ràdh, "A bheil thu ag iarraidh pìos?" Tha Sophie a' toirt leatha pìos piotsa. **An robh cead aig Sophie bho bràthair?**
  - E. An-ath-latha, tha Max a' tighinn dhachaigh le piotsa eile. Chan eil e ag ràdh guth, tha e ga fàgail air bòrd a' chidsin agus a' dol dhan rùm aige airson rugeigin. Tha Sophie a' toirt leatha pìos piotsa. **An robh cead a bràthair aice?**
7. **Eisimpleirean Aonta: Dè as urrainn dhan chloinn seo a dhèanamh?** Inns dhaibh gu bheil sibh a-nis a' dol a choimhead air suidheachaidhean far a bheil clann a' feuchainn ri obrachadh a-mach dè as

fheàrr dhaibh a dhèanamh. 'S e suidheachaidhean doirbh a th' annta agus tha aig a' chloinn ri obrachadh a-mach co-dhiù a tha iad airson aontachadh no nach eil, agus cuideachd mar a nì iad sin. Iarr air a' chloinn obrachadh còmhla ri caraid rin taobh, agus seall na suidheachaidhean fear mu seach. Brosnaich còmhradh agus an uair sin agus thoir fios air ais dhan bhuidheann. Airson crìoch a chur air deasbad mu gach suidheachadh, dèan cinnteach gu bheil gach pàiste soilleir mu na tha gach neach ag iarraidh a dhèanamh agus mar a nì iad sin/mar a gheibh iad na tha a dhìth orra. (Ma tha a' chlann deònach, iarr orra iad fhèin a chur an àite gach pàiste, a' smaoineachadh air na chanadh iad agus ciamar).

- F. Tha antaidh agus uncail Robbie a' tadhail. Tha iad a' fàgail 's tha a mhàthair ag ràdh, "Robbie, thalla 's thoir pòg do dh'Antaidh Rosie agus Uncail Derek". Chan eil Robbie airson pòg a thoirt dhaibh idir. **Dè chanas no nì Robbie?**
- G. Tha caraid ùr aig Pàdraig san sgoil. Tha a charaid air cuireadh a thoirt dha tighinn a dh'fhuireach aig an taigh aige airson oidhche ach chan eil Pàdraig airson seo a dhèanamh. Tha a charaid a' sìor fhaighneachd. **Dè chanas no nì Pàdraig?**
- H. 'S toigh le Anndra Misha agus tha iad nan caraidean. Tha Anndra ag iarraidh Misha na bràmair. Tha e ag iarraidh grèim a chumail air a làimh nuair a tha iad a' coiseachd dhachaigh. **Dè chanas no nì Anndra?**
- I. 'S toigh le Misha Anndra, agus tha iad nan caraidean. Dh'iarr Anndra cead breith air làimh oirre nuair a bha iad a' coiseachd dhachaigh. Chan eil Misha ag iarraidh ach gum bi iad nan caraidean, chan eil i ag iarraidh a bhith na bràmair dha. Chan eil i ag iarraidh grèim a chumail air a làimh. **Dè chanas no nì Misha?**
8. Airson crìochnachadh, mìnich gun robh tòrr dhen obair an-diugh mu bhith a' coimhead às ar dèidh fhèin agus mu bhith a' tuigsinn gum faod sinn aontachadh, no diùltadh, no a bhith mì-chinnteach mu rud a dh'iarras cuideigin oirnn a dhèanamh. Cuideachd mura toir neach seachad cead no mura h-eil iad cinnteach, chan eil iad air aontachadh.
9. Inns dhan chloinn gum bidh a' coimhead air aonta a thaobh ar bodhaigean, bhon a tha sinn uile nar ceannardan air ar bodhaigean fhèin. Inns gu bheil òran agad dhaibh – 's e ainm an òrain **Boss of My Body** <https://youtu.be/zAALZxa6NCw> (2 mhion. 33) Coimheadaibh a' bhidio agus faigh beachdan bhuapa gun a dhol a-steach dhan chùis gu mionaideach no cus còmhraidi a dhèanamh. 'S dòcha gum faod sibh a choimhead a-rithist agus a' chlann a bhrosnachadh gus seinn 's dannsa. Inns dhaibh gum bi an còmhradh seo a' leantainn...

### Beachdan eile

- **Boss of My Body** pàirt de phrògram telebhisean a th' air Amazon Prime UK air a bheil **Ruby's Studio: The Safety Show**
- Tha an leabhar chloinne **Miles is the Boss of His Body**, mu charactar aois 6 bliadhna: <https://www.rubystudio.com/products/miles-is-the-boss-of-his-body>

### Ceangal ris an dachaigh

*Gabhaidh an teacs a h-ìosal a chleachdad airson fios a chur dhachaigh mun obair seo.*

Thairis air dà sheisean bidh a' chlann ag ionnsachadh mu aonta. Tha sinn ag ràdh gu bheil aonta a' ciallachadh nuair a dh'iarras agus a gheibh sinn cead (no nach fhaigh) bho neach airson rudeigin a

dhèanamh. Tro gheamannan agus meòrachadh air suidheachaidhean, leasaichidh a' chlann an sgilean agus am misneachd gus aontachadh agus diùltadh. Ionnsachidh iad suidheachaidhean aithneachadh far a bheil iad a' faireachdainn nearbasach no iomagaineach, cuidichidh sin iad gus earbsa a chur ann an *guth am bodhaig*, an fhaireachdainn nearbasach no iomagaineach ma tha cuideigin ag iaraidh rudeigin orra nach eil iad airson a dhèanamh. Tha sinn ag ionnsachadh mu aonta an-dràsta airson 's gum fàs a' chlann ann am fèin-mhisneachd, spèis do dhaoine eile agus air an dòn bho chron. Bidh sinn a' cleachdad nam filmichean goirid seo, Consent for Kids agus òran air a bheil Boss of My Body (faoadaidh sibh a cheannach/a luchdachadh a-nuas)

**Boss of My Body** <https://youtu.be/zAALZxa6NCw> (2 mhion. 33)

**Consent for kids** <https://www.youtube.com/watch?v=h3nhM9UlJjc> (faid 2 mhion. 42)

Ma tha ceist agaibh mun chuspair no mun obair seo, cuiribh fios thugainn.

### **Tha goireasan teagaisg eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan RSHP seo:**

- Aonta: 'S ann leamsa a tha mo bhodhaig

### **Nòtaichean Tidseir**